

Labhair Dia ri Adhamh agus thuirt e, "De gach uile chraoibh anns a' ghàrradh faodaidh tu itheadh gu soar: Ach de chraoibh eòlais a' mhaith agus an uilc na ith dhith sin, oir ma dh'itheas, gu cinnteach bàsaichidh tu."



19

Agus thuirt an Tighearna Dia, "Chan eil e math gum biodh an duine na aonar. Nì mi dha còmhnaidh da rèir fhèin." Thug Dia na beathaichean agus na h-eòin a chum Adhamh. Thug Adhamh ainmean orra uile. Feumar gun robh e gu math tuigseach mus do rinn e seo. Ach do Adhamh cha d'fhuaireadh còmhnaidh da rèir fhèin.



20

Agus thug an Tighearna Dia air cadal trom tuiteam air Adhamh. Fhads a bha Adhamh 'na chadal, thug Dia aisean a-mach à Adhamh agus rinn Dia Mnaoi às an aisean. Bha a' mhnaoi a rinn Dia dìreach ceart agus freagarrach do Adhamh.




21

Rinn Dia gach nì ann an sia làithean. An uair sin ghabh Dia fois air an t-seachdamh là. Bheannaich Dia an seachdamh là agus naomhaich e e.



22

Rinn Dia là fois dheth. Ann an gàrradh Edein, bha sonas foirfe aig Adhamh agus a bhean Eubha agus iad a' toirt ùmhachd do Dhia. B'e Dia an Tighearna, an Solaraiche agus an Caraid.




23

An Am a Chruthaich Dia Gach Nì  
Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,  
Am Bioball, ri  
faighinn ann an Genesis 1 agus 2

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:  
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."  
Salm119:130

Gaelic

# AN ÀM A CHRUTHAICH DIA GACH NÌ



Written by Edward Hughes  
Illustrated by Byron Unger; Lazarus

Air eadar-theangachadh le Màiri NicIleathain  
Adapted by Bob Davies; Tammy S.


Story 1 of 60

M1914.org

Bible for Children, PO Box 3, Winnipeg MB R3C 2G1 Canada

License: You have the right to copy or print this story,  
as long as you do not sell it.

Cò chruthaich sinn? Tha am Bioball, Facal Dhè,  
ag innse mar a thòisich an cinne daonna.




1

Bho chionn fhada, chruthaich Dia a'chiad duine agus thug Dia Adhamh mar ainm air. Chruthaich Dia Adhamh a-mach à duslach na talmhainn.




2

An uair a shèid Dia anail na beatha ann an Adhamh, thàinig Adhamh beò. Bha e suidhte ann an gàrradh àlainn Edein.



3

Mus do chruthaich Dia Adhamh, chruthaich e saoghal àlainn loma-làn de nithean mìorbhaileach.



4

Ceum air cheum, chruthaich Dia na cnuic, na cluaintean, na flùraichean cùbhraidh, na craobhan àrda, na h-èoin len itean daite, na seilleanan srannach, na mucan-mara luidireach agus na seilcheagan sleamhainn. Gu dearbh,



chruthaich Dia gach nì a th'ann - seadh, gach nì!

5

Ann an toiseach, mus do chruthaich Dia nì sam bith, cha robh nì sam bith ann ach Dia. Cha robh daoine ann. Cha robh àitean ann. Cha robh rud sam bith ann. Neoni. Cha robh solas ann. Cha robh dorchadas ann. Cha robh shìos ann. Cha robh shuas ann. Cha robh an-dè ann. Cha robh am-màireach ann. Cha robh ann ach Dia fhèin - Dia aig nach robh toiseach. An sin chaidh Dia gu obair!




6

Anns an toiseach, chruthaich Dia na nèamhan agus an talamh.

Agus bha an talamh gun dealbh agus falamh. Agus bha dorchadas air aghaidh na doimhne.

Agus thuirt Dia, "Biodh solas ann."



8

Agus bha solas ann. Thug Dia mar ainm air an t-solas Là agus thug e mar ainm air an dorchadas Oidhche. Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn a' chiad là.



9

Air an dara là, rinn Dia an t-adhar agus chuir e dealachadh eadar na h-uisgeachean a bha fon adhar agus na h-uisgeachean a bha os cionn an adhair. Thug Dia mar ainm air an adhar Nèamh.



Air an treas là, thuirt Dia, "Cruinnichear na h-uisgeachean a tha fo nèamh a dh'aon àite agus leigear ris an talamh tioram." Agus bha e mar sin.

10

Dh'òrdaich Dia gun tugadh an talamh a-mach feur, lusan agus craobhan. Agus bha e mar sin. Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn an treas là.



11

An uair sin, rinn Dia a' ghrian airson solas an là agus a' ghealach agus reultan do-àireamh airson na h-oidhche.

Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn an ceathramh là.



12

An dèidh sin, chruthaich Dia na creutairean mara, an t-iasg agus na h-èoin. Air a' chòigeamh là, chruthaich Dia na mucan-mara mòra agus na sgadain gheàrr, struthan nan casan fada agus dreathain-donna nan casan beaga.



13

Chruthaich Dia gach uile chreutair a thug na h-uisgeachean a-mach gu pailt a-rèir an gnè agus gach eun iteagach a-rèir a ghnè. Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn an còigeamh là.



14

An dèidh sin, thuirt Dia, "Thugadh an talamh a-mach an creutair beò a-rèir a ghnè ..." Agus bha e mar sin - a h-uile seòrsa beathach agus biastag agus gach nì a shnàigeas. Bha an t-ailbhean mòr, trom-chasach ann agus am biobhair beag, trang. Am muncaidh àbhachdach agus an crogall cloidseach.



15

A' bhoiteag shnàigeach agus an sionnach seòlta. An siorar spathaltach agus a' phiseag phiorrach. Rinneadh gach seòrsa beathach le Dia air an t-siathamh là agus chunnaic Dia gun robh e math.




16

Rinn Dia rud eile air an t-siathamh là - nì air leth sonraichte. Bha a h-uile rud a-nis deiseil airson an Duine. Agus thuirt Dia, "Dèanamaid duine nar dealbh fhèin, a-rèir ar coslais fhèin agus biodh uachdaranachd aige os cionn gach nì a tha air an talamh."



17

CHRUTHAICH DIA AN DUINE NA DHEALBH FHEIN. ANN AN DEALBH DHE, CHRUTHAICH E E.



18